

## > SÀBHAILTEACHD AIR LÀRAICH

- Dèan cinnteach gu bheil carabhanaichean is teantaichean co-dhiù 6 meatairean bho chèile agus fada air falbh bho chàraichean air am pàircadh. Cuidichidh seo gus an cunnart gun sgap teine a lùghdachadh.
- Dèan cinnteach gu bheil fios agad air ullachaidhean làrach a' champaigh mu shàbhailteachd-teine agus faigh a-mach càite bheil am fòn as fhaighe.
- Cùm fòn-pòca ri làimh ri chleachdadh ann an èiginn.

### PUINNSEANACHADH MONOGSAID CARBOIN (CO)

Faodaidh uidheam-teasachaidh is uidheam-còcaireachd puinnseanachadh CO adhbharachadh ma tha iad air an cur a-steach gu ceart, gun a bhith gan cleachdadh mar as còir, gun ghaothrachadh gu leòr, no mura bheil iad gan cumail suas gu ceart is gu cunbhalach.

Nuair nach loisg connadh mar as còir, bidh e a' cruthachadh gas CO. Bidh puinnseanachadh CO a' marbhadh dhaoine. Faodaidh e do shlàinte a mhilleadh gu buan cuideachd. Is iad comharraidhean tràtha puinnseanachadh CO:

- Sgìths
- Pràmhachd
- Tuainealaich
- Broilleach Goirt
- Òrrais

### DÈAN CINNTEACH NACH EIL THU ANN AN CUNNART BHO PHUINNSEANACHADH CO

- Cuir lorgair CO a-steach nad charabhan. Ma ghabhas e dèanamh, bu chòir lorgair a chur anns gach seòmar far a bheil uidheam a loisgeas connadh no goileadair.
- Cùm an carabhan air a dheagh ghaothrachadh daonnan. Dèan cinnteach gu bheil na luidhearan gun bhacadh – ma thèid luidhearan-àile a stobadh, dh'fhaodadh e bhith marbhtach.
- Na cleachd uidheam a loisgeas connadh am broinn carabhain no teanta (m.e. àithean-caoire aon turais, stòbhan-campaigh, teasadairean-campaigh, lanntairean agus branndairean guail-fhiodha) aig àm sam bith.
- Biodh uidheam-gasa (agus riaghladair is pioban solar a' ghasa) agus goileadairean air an losgadh le gas no ola gan cur a-steach agus gan riarachadh agad uair sa bhliadhna le innleadair Gas Safe.
- Dèan cinnteach gu bheil gas phìob-traogaidh bho ghineadairean gan gaothrachadh mar as còir air falbh bho àiteachan far a bheillear a' còmhnaidh.

## > SÀBHAILTEACHD A-MUIGH AIR AN DÙTHAICH

- Na tilg toiteanan air an lasadh air falbh – dèan cinnteach gu bheil iad air am mùchadh gu tur.
- Lean Còd na h-Alba mu Chothrom air a' Bhlàr A-muigh daonnan.
- Na loisg duilleagan, fàs-gàrraidh agus sprùilleach, gabh beachd air dòighean eile leithid compost no togail-suas.
- Dèan cinnteach gu bheil àiteachan chur-seachadan gad dèanamh ann an sloc no soitheach a tha sàbhailte bho theine agus air am mùchadh gu tur ro fhàgail.
- Seachain cur thuige teintean air a' bhlàr a-muigh nuair a tha gaothan àrda, teòthachd àrd agus taiseachd ìseal ann no dùil riutha.

Ma chì thu teine air an dùthaich, air cho beag, **CUIR FÒN GU 999 SA BHAD.**

Tha mòran roiteanan gan cur thuige a dh'aon ghnòthach no mar thoradh air giùlan gun chùram no gun aire. Ma chì thu ma bhios tu an amharas mu chuideigin gu bheil iad a' dèanamh ghnìomhan gu h-amharasach no gun chùram air an dùthaich, **cuir fios gu Poileas Alba air 101** no cuir fios air adhart gun urra gu **Scotland Crimestoppers air 0800 555 111.**

Airson barrachd fiosrachaidh air SÀBHAILTEACHD-TEINE, tadhail air **www.firescotland.gov.uk** no leugh na bileagan a leanas:

- Stiùireadh Dhut mu Shàbhailteachd-teine
- Mar a Ni Thu Còcaireachd gu Sàbhailte
- Toit is Deoch
- Sàbhailteachd leis an Dealan
- Sàbhailteachd Luidhearan, Stòbhan agus Monogsaid Carboin
- Roiteanan

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999.**

### GUS CUIR AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH A CHUR AIR DÒIGH

Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air **www.firescotland.gov.uk**



SCOTTISH  
FIRE AND RESCUE SERVICE  
Working together for a safer Scotland


Translated and printed with funding from Bòrd na Gàidhlig

v2.2 Màirseal 2021

Gus CUIR AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacsa 'FIRE' gu **80800** no tadhail air **www.firescotland.gov.uk**



@SFRSYourSafety



# Fois.

Thar a chèile, cha mhòr nach eil **100 teine ann an carabhanaichean ann an Alba gach bliadhna.**

Faodaidh teine teanta a sgrìos ann an nas lugha na mionaid.



SCOTTISH  
FIRE AND RESCUE SERVICE  
Working together for a safer Scotland

## ➤ SÀBHAILTEACHD ANN AN CARABHAN

### DÈAN CINNTEACH GU BHEIL RABHADAIREAN-TOITE AG OBAIR ANNS A' CHARABHAN AGAD.

Faodaidh teine ann an carabhan no dachaigh-siubhail sgapadh fad nas luaithe na ann an taigh no ann am flat. Gabh barrachd aire agus gabh beachd air sàbhailteachd-teine nuair a bhios tu air falbh bhon dachaigh.

Tha rabhadairean-toite a cheart cho cudromach dhan charabhan agad agus a tha iad dhan dachaigh. Bu chòir gum biodh rabhadairean-toite air an cur ann an seòmraichean far a bheil uidheam dealanach no àiteachan eile lasadairean eile. Ma tha uidheam-còcaireachd anns a' charabhan agad, gabh beachd air rabhadair-teasa a chur ann cuideachd.

Ma dh'èireas teine, cuiridh rabhadair-toite no rabhadair-teasa am faireachadh dhut agus bheir iad ùine dhut freagairt gu sàbhailte is gu tùrail. Mas ann nad chadal a tha thu, faodaidh gum b' e rabhadair ag obair an aon chothrom dhut dùsgadh. Cuir deuchainn air do chuid rabhadairean gach seachdain agus na toir air falbh na bataraidhean a-chaidh.

### COMHAIRLE BHUNAITEACH MU SHÀBHAILTEACHD

- Ma bhios tu a' smocadh, cleachd soitheach-luaithe. Na smoc anns an leabaidh a-chaidh. Mas urrainnear, smoc an taobh a-muigh a' charabhain agad gus cunnart teine a sheachnadh. Cuir toiteanan an dara taobh gu cùramach.
- Ma tha thu air a bhith ag òl deoch-làidir no a' gabhail dhrogaichean, na dèan còcaireachd.
- Na coisich air falbh a-chaidh nuair a tha thu a' còcaireachd agus na cleachd cucar no teasadair a-chaidh fhad is a tha an carabhan agad a' gluasad.
- Cuir dheth an t-uidheam dealanach gu lèir air nach eil feum mus fhàg thu an carabhan no mus tèid thu dhan leabaidh.
- Na cuir cus uallaich air socaidean a-chaidh. Gabh beachd air inneal-rèiteachaidh airson iomadh socaid le dìon an aghaidh bòcaidh a chleachdadh.
- Na fàg clann leotha fhèin am broinn carabhain/dachaigh-siubhail a-chaidh.
- Na tiormaich aodach os cionn an stòbha no nan teasadairean.

- Na ruith stuth dealanach bhon dara carabhan/dachaigh-siubhail gu fear eile. Dh'fhaodadh seo teine adhbharachadh no cunnart gum faigheadh tu clisgeadh dealanach a chruthachadh.
- Nuair a ghabhas e dèanamh, cùm clann a-mach às àite a' chidsin nuair a thathar a' còcaireachd.
- Cùm an t-àite faisg air a' charabhan agad air a rèiteachadh bho sgudal agus gearr air ais fàs gus an cunnart gun sgapadh teine a lùghdachadh.
- Cùm biùgan ri làimh airson èiginn – na cleachd coinnlean air an lasadh a-chaidh.
- Dèan cinnteach gu bheil an doras furasta ri fhosgladh bhon taobh a-muigh gun fhios nach èirich teine, air neo cùm iuchraichean an dorais rim faotainn gus cleachdadh ann an èiginn.
- Bu chòir gum biodh sgudal air a thasgadh gu cùramach, mas urrainnear ann an soitheichean nach loisg, agus air an togail gu cunbhalach.
- Mas e 's gun èirich teine, dèan às, fan a-muigh, agus cuir fòn gu 999. Dèan cinnteach gu bheil fios aig a h-uile duine mar a theicheas iad gu sàbhailte bhon charabhan.

## ➤ SÀBHAILTEACHD ANN AN TEANTA

- Faodaidh teine teanta a sgrìos ann an nas lugha na mionaid.
- Na cleachd coinnlean a-chaidh ann an teanta no faisg air – tha biùganan nas sàbhailte.
- Dèan còcaireachd astar sàbhailte bho bhallachan an teanta oir dh'fhaodadh iad dol nan teine gun strì.
- Na dèan còcaireachd ann an teanta beag a-chaidh.
- Na dèan còcaireachd a-chaidh faisg air feur fada no stuth so-loisgeach a dh'fhaodas lasadh gu luath.
- Na smoc am broinn theantaichean.
- Dèan cinnteach gu bheil fios agad mar a ghearras tu do shlighe a-mach às an teanta ri èaladh ma bhios teine ann.
- Dèan cinnteach gu bheil fios aig a h-uile duine mar a smàlaicheas iad aodach a tha na theine – stad, leig a-nuas agus roilig.

## ➤ SÀBHAILTEACHD AIG ÀINE-CHAOIRE

- Seachain deoch-làidir ma tha thu an ceannas air àine-chaoire.
- Cùm bucaid de dh'uisge, gaineamh no piob-gàrraidh faisg air làimh airson èiginn.
- Na toir àine-chaoire a ghabhas giùlan – no gual-fiodha air a lasadh – a-steach ann an àite air iathadh leithid teanta no carabhan a-chaidh.
- Na fàg àine-chaoire gun neach na cois a-chaidh.
- Dèan cinnteach gu bheil làrach na h-àine-chaoire agad còmhnard agus gu math air falbh bho sheadaichean, feansaichean, craobhan, preasarnach no sgudal-gàrraidh.
- Cùm clann is peataichean air falbh bhon àite sa bheil a' còcaireachd.
- Cleachd gual-fiodha gu leòr gus bun na h-àine-chaoire a chòmhdach, ach gun barrachd (mar as trice mu 5cm no 2 òirleach)
- Na cuir luaithe bho theintean-campaidh no àithean-caoire an dara taobh gus a bheil iad fuar ri beantainn.
- Faodaidh luaithe theth soitheach-sgudail plastaig a leaghadh agus teine adhbharachadh cuideachd.
- An dèidh còcaireachd a dhèanamh, dèan cinnteach gu bheil an àine-chaoire fionnar mus tèid a gluasad.
- Na cleachd peatral no pàireafain a-chaidh gus an àine-chaoire agad a chur ri teine; na cleachd ach lasadairean no connadh-tòiseachaidh aithnichte air gual fuar.

## ➤ A' CLEACHDADH GAS?

### SIOLANDAIREAN-GAS

- Bu chòir gum biodh siolandairean-gas air an cumail a-muigh. Na cùm soitheichean anns a bheil peatral, diosal no gas fon charabhan agad no am broinn na dachaigh.
- Bu chòir gum biodh siolandairean-gas air an cur dheth nas lugha na chaidh an dèanamh gus a bhith a' ruith gun stad, agus cha bu chòir dhut am botal atharrachadh ach nuair a tha e gu tur falamh, a' cumail gu dlùth ris an stiùireadh bho luchd-solair a' ghasa.
- Na atharraich cartraistean airson gas-campaidh am broinn an taighe no faisg air àiteachan so-loisgeach a-chaidh.
- Ma tha beachd agad gu bheil aoidion sa ghas, cuir dheth gach uidheam agus prìomh phìob nan siolandairean, fosgail na dorsan is na h-uinneagan uile agus na smoc is na cuir air suidsean no uidheam dealanach sam bith gus am faigh thu cead.

### ÀITHEAN-CAOIRE LE GAS

- Thoir an aire nuair a tha a' cur àithean-caoire le gas ann am botal air is dheth.
- Dèan cinnteach gu bheil an gocan air a chur dheth mus atharraich thu siolandair a' ghasa.
- An dèidh còcaireachd a dhèanamh, cuir solar a' ghasa dheth an toiseach agus an uair sin uidheam-smachd na h-àine-chaoire. Cuiridh seo stad air gas sam bith a bhith a' leigeil a-mach.
- Dèan cinnteach gu bheil na h-altan uile air an teannachadh gu sàbhailte is gu tèarainte.
- Atharraich siolandairean-gasa a-muigh no ann an àite air a dheagh ghaothrachadh.